

Comataidh Lèirsinn

9/9/25, 1000-1300

Teams

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd: Marion Nic na Ceàrdaich (sa Chathair); Rhoda NicDhòmhnaill; Dàibhidh Byrne;
Catriona Mhoireach; Iain Moireasdan

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul [DC] (Àrd-Oifigear)
Mairead Chamshron [MC] (Stiùiriche Susbaint)
Lorna Nicamhlaigh [LMA] (Stiùiriche Com-pàirteachais & Leasachaidh)
Mairi Anna NicAonghais [MAMI] - (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)

1. Leisgeulan

1.1 Bhon luchd-obrach, Rowan Nic a' Phàdraig.

2. Gnothaichean dearbhte

2.1 Cha robh gin.

3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh (28/5/25) & GAE

3.1 Geàrr-chunntas - molaichte le Catriona Mhoireach agus daingnichte le Dàibhidh Byrne.

3.2 GAE – comharraichte

4. Sùil air fàire

a) Cruinneachadh 2025 – “Às Ùr”

4.1 Bha fiosrachadh mun tachartas air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail.

4.2 Chaidh innse gu bheil obair planaigh a' dol gu math, le faisg air 110 neach air an daingneachadh.

4.3 Thèid beachdachadh air am biodh luach ann an tachartas a sgaoileadh beò air an eadar-lìon.

4.4 An dèidh feedback air an tachartas, thèid beachdachadh air an tachartas a stèidheachadh mar rud bliadhna. Le gu leòr cuspairean nach robh a' nochdadh air clàr cruinneachadh an Dàmhair, thèid smaoineachadh air tachartas, seiminear no webinar a dhèanamh gach bliadhna.

- 4.5 Chaidh a dhaingneachadh gur e adhbhar a’ chruinneachaidh luchd-cruthachaidh agus daoine le miann susbaint a chruthachadh a thoirt cruinn còmhla gus cluinntinn bhuapa agus èisteachd ri beachdan air an obair a tha MG ALBA a’ dèanamh an-dràsta ach càite bheil na h-uireasbhaidhean agus àiteachan leasachaidh a dh’fhaodadh a bhith ann agus a bhith fosgailte ri slighe na buidhne atharrachadh nam biodh sin iomchaidh.
- 4.6 Leis an Coimiseanar Didseatach gu bhith a’ cur a-mach iarrtas sa gheàrr-ùine air dè na feumalachdan a th’ ann san roinn seo, b’ e deagh buidheann fòcais a dh’fhaodadh a bhith sa chruinneachadh gus beachdan a thrusadh bho luchd-cruthachaidh agus *influencers*.
- 4.7 Leis an t-seirbheis loidhneach a’ crìonadh agus eaconamaidh cruthachaidh a’ fàs, bha aonta ann gu robh e deatamach àite a chruthachadh gus an dà raon-obrach seo a thoirt còmhla agus dorsan fhosgladh.
- 4.8 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachte.

b) Sùil air Fàire – cuspairean airson 2025/26

- 4.9 Bha pàipear air beulaibh bhall le fiosrachadh air cuspairean a dh’fhaodadh a bhith ann agus chaidh beachdan a thabhann le buill:
- Cluinntinn bho bhuidhnean coltach ri MG ALBA ann an dùthchannan eile;
 - Cuideam a chur air cuspairean maoineachaidh, a tha aig cnag na cùise;
 - Aona seisean a chur air dòigh a’ toirt riochdairean bho S4C agus TG4 còmhla gus coimhead ri na dùbhlain, na cothroman agus maoineachadh;
 - Sgilean didseatach agus gnothaichean eaconamaidh a dh’fheumadh a bhith aig cridhe seisean mu Aonta Fàs na Gàidhlig.
- 4.10 Le atharrachadh gun samhail a’ tighinn air mar a tha daoine a’ coimhead susbaint, bha aonta ann gu robh seisean air ro-innleachd susbaint deatamach ann an co-theacsa cuspairean airson sùil air fàire agus cuideachd aig ìre Bùird.
- 4.11 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachte.
- 4.12 **Gnìomh**: thèid am pàipear a sgioblachadh agus thèid seiseanan a chur sna leabhraichean-là tron bhliadhna. **(MAMI)**

5. Luchd-ùidhe

- 5.1 Bha pàipear air beulaibh bhall le fiosrachadh air na diofar raointean conaltraidh san robhas an sàs.

- 5.2 Le atharrachadh riaghaltais, mhìnich Cathraiche a’ Bhùird gun deach a’ choinneamh eadar Rùnaire na Stàite airson Alba agus an Leas-prìomh Mhinistear air 9/9/25 a chur dheth, far an robh dùil bruidhinn mu Aonta Fàs na Gàidhlig.
- 5.3 Dh’innis e gu bheil e air sgrìobhadh gu Douglas Alexander BP, Rùnaire na Stàite ùr airson Alba, le iarrtas coinneachadh anns na beagan sheachdainean a tha romhainn ro bhuidseatan na RA agus na h-Alba.
- 5.4 Chaidh litir cuideachd gu Ian Moireach BP (seann Rùnaire na Stàite airson Alba) a tha a-nis na Mhinistear aig DCMS.
- 5.5 Thèid coimhead ri còmhraidhean fhosgladh a-mach gu pàrtaidhean poilitigeach eile.
- 5.6 Thèid coinneamh a chumail le Àrd-Oifigear Chomhairle na Gàidhealtachd air 10/9/25 gus taic fhaighinn air an t-Aonta Fàs.
- 5.7 Chaidh innse gu bheil an Leas-prìomh Mhinistear airson turas a Steòrnabhagh a chur air ais san leabhar-là mus crìochnaich i san dreuchd agus gu bheil còmhraidhean a’ leantainn leis a’ Phrìomh-mhinistear le cuireadh fosgailte thuige a thighinn a thadhal air a’ bhuidheann.
- 5.8 Thèid beachdachadh air a bheil e iomchaidh na bhidiothan a chaidh a chleachdadh timcheall air foillseachadh na h-Aithisg Bhliadhnail a chur gu feum air BBC ALBA ann an dòigh sam bith.
- 5.9 **Co-dhùnadh:** ghabh buill fainear.

6. Plana-gnìomh Co-ionannachd, Iomdachd & In-ghabhail

- 6.1 Bha Aithisg bhon Chomhairliche neo-eisimeileach agus plana gnìomh air beulaibh bhall, agus bhruidhinn an Stiùiriche Com-pàirteachais & Leasachaidh air.
- 6.2 Chaidh innse gun robh seo aig a’ Bhuidheann Leasachaidh Leantainneach agus gun d’ thug an Comhairleachaidh EDI taisbeanadh chun luchd-obrach.
- 6.3 Le fiosrachadh a’ tighinn bhon luchd-obrach bho bhuidhnean in-taigh agus tro suirbhidhean pulse, tha aithne ann gu bheil an luchd-obrach den bheachd gum b’ urrainnear an tuilleadh a dhèanamh san raoin seo agus tha gealltanais dha thoirt seachd leis an Àrd-sgioba Stiùiridh gun tachair seo, le plana tachartas/seisean/fiosrachadh a chur a-mach gach mìos.
- 6.4 Chaidh fàilte a chur air an obair chudromach seo.
- 6.5 B’ iad na prìomh phuingean deasbaid:
- Feumar obair a dhèanamh mu thimcheall fastadh – am briathrachas a thathas a’ cleachdadh; an seòrsa sanasan/ tuairisgeulan obrach a thathas a’ sgaoileadh; ciamar a thathas a’ cur an gnìomh poileasaidhean leithid *ex-offenders*; ciamar a thathas a’ cur an gnìomh leithid greisean gnìomhachais samhraidh gus cothrom a thoirt do gach neach aig am biodh ùidh.

- Mar phàirt den seo, bhiodhamaid dòchasach gun toir obair leasachaidh a thaobh fastadh buaidh air beàrn pàighidh gnè agus feumar mìneachadh mar a bheir sinn daoine a-steach don roinn againn tro dhiofar shlighean
- Feumar cuideam a chur air gnothaichean EDI aig trèanadh manaidsear-loidhne gus am bi gach manaidsear nan eòlaichean. Feumar faighinn gu ìre far a bheil e air fhighe a-steach ann an seadh tuigse fhaireachail na manaidsearan seach a bhith a’ coimhead ri gnìomhan obrach a mhàin.
- Bha aithne ann gum bu chòir EDI a bhith barrachd na poileasaidh a-mhàin – gum bi e mu thachartasan agus fiosrachadh aotrom a bheir buaidh.
- Bha aithne ann gu bheileas às aonais neach-obrach a lìbhrigeadh seo gu h-obrachail ach gu lean sinn leis an Stiùiriche os a chionn airson grunnan mhìosan agus nithear tomhas an uair sin a bheil goireas eile a dhìth.
- Thèid ùine iomchaidh a thoirt don chuspair aig na làithean sgioba san t-Samhain, far am bi an luchd-obrach air fad còmhla.

6.6 **Co-dhùnadh:** bha a’ Chomataidh riarachaidh gu bheileas air slighe iomchaidh agus gu feumar tòiseachadh a’ faicinn gnìomhan a’ tighinn às.

6.7 **Gnìomh:** thig dashboard chun na h-ath choinneimh a’ sealltainn adhartas. (LMA)

7. Planadh leantainneachd a’ Bhùird

7.1 Bha pàipear air beulaibh na Comataidh le fiosrachadh air teirm nam ball (le teirm triùir a’ tighinn gu crìoch ann an 2026) agus fiosrachadh far a bheil cothrom leasachaidh ann an cuid de dh’eòlasan.

7.2 Le cothrom suas gu 12 bhall a bhith air a’ Bhòrd, bha a’ Chomataidh aontaichte gu robh naoinear, mar a tha an-dràsta, iomchaidh.

7.3 Bha Cathraiche a’ Bhùird den bheachd gu robh sgilean riatanach an-dràsta ann, agus gu rachadh leasachadh a dhèanamh air na id brosnachadh a dhèanamh air na sgilean sin.

7.4 **Co-dhùnadh:** bha a’ Chomataidh riarachaidh.

8. Planadh Luchd-obrach agus Leantainneachd

8.1 Bha pàipear air beulaibh na Comataidh le fiosrachadh mu chumadh an luchd-obrach agus an riatanas gum bi na sgilean agus na daoine a dh’fheumar san àm ri teachd le mar a tha saoghal nam meadhanan ag atharrachadh aig astar. Chaidh deasbad a chumail agus b’ iad na prìomh phuingean deasbaid:

- Feumaidh plana ioma-bhliadhna a bhith ann, a thaobh sgilean agus daoine;

- Feumaidh luchd-obrach aig àrd ìre a bhith comasach agus deònach obair a chur bhuapa gus a bheil cothrom aig daoine eile air fàs proifeasanta agus gum bi iad deiseil airson uallaichean a bharrachd a ghabhail;
- Bha aithne ann nach eil atharrachadh furasta do chuid, mar a tha a' tighinn troimhe ann an suirbhidhean pulse, agus moladh ann gun urrainn sin a leasachadh le bhith a' cur taic a-steach bhon taobh a-muigh agus an taobh a-staigh, 's dòcha le manaidsear atharrachaidh;
- Bha aithne ann gum biodh e feumail sùil a thoirt air an taic a tha, no nach eil aig, an Àrd-sgioba Gnìomh, gus an saoradh airson an obair riatanach aca;
- Bha brosnachadh ann do luchd-obrach a bhith fosgailte aig na làithean sgioba san t-Samhain.
- Chaidh còmhraidh a chumail mu thaic bhon taobh a-muigh a dh'fhaodadh a bhith gu feum airson an AO, dè an cumadh a dh'fhaodadh a bhith air an sin agus ciamar a b' urrainn don Bhòrd taic a chur. Thig fios mu adhartas air ais chun Chomataidh aig an ath choinneamh.

8.2 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachtaiche ach ag aithneachadh nan dùbhlain.

8.3 **Gnìomh:** thig seo a dheasbad aig an ath choinneamh Comataidh agus aig a' Bhòrd air 18/9/25. (DC)

9. GISBE

Cha robh gin.

12. Deit na h-ath choinneimh – 5/11/25 – ach thèid beachdachadh air an seo le Cathraiche na Comataidh

Ainm sgrìobhte a' chathraiche: